

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

An Dàm air Loch na Maighe

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,088. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 784 corresponds to Litir 1,088.

Bha linn ann, agus na Cuimeanaich is Clann 'ic an Tòisich nan dearg nàimhdean do chèile. Bha fear de cheannardan Clann 'ic an Tòisich air murt is marbhadh a dhèanamh air Cuimeanaich ann an Caisteal Inbhir Narann. **Chuir na Cuimeanaich romhpa dìoghaltas fhaighinn.** Bha seo anns a' chòigeamh linn deug.

Chuir na Cuimeanaich armailt mhòr ri chèile. Chaidh iad gu ruige **A' Mhuigh**, deas air Inbhir Nis, prìomh àros aig ceann-cinnidh Clann 'ic an Tòisich. Ach cha robh sgeul air Mac an Tòisich no a luchd-leantainn. Bha iad air eilean ann an Loch na Maighe. Bha ceithir cheud duine cruinn còmhla air an eilean.

Ciamar a bha na Cuimeanaich a' dol a thoirt buaidh orra? Uill, dh'fhaodadh iad feitheamh gus nach biodh biadh air fhàgail air an eilean. Ach bha Loch na Maighe làn bhreac is bhreac-dearga. Bha biadh timcheall air na daoine.

Chruthaich na Cuimeanaich plana – car annasach, co-dhiù ma tha sinn a' creidsinn a' chunntais ann an Nua-chunntas Staitistigeach na h-Alba, a nochd ann an clò ann an ochd ceud deug, ceathrad 's a còig (1845). Tha Allt Fionntaig a' sruthadh a-mach à Loch na Maighe aig a cheann a deas. Thog na Cuimeanaich dàm air an allt, dìreach far a bheil e a' fàgail an locha. Air taobh an locha dhen dàm, bha dèileachan fiodha. Nuair a dh'èireadh Loch na Maighe, bhiodh an t-eilean air a chòmhdachadh le uisge, agus dh'fheumadh an nàimhdean teicheadh airson am beatha.

Uill, bha am plana ag obair. Ach, eadhon mus do dh'èirich an loch ro fhada, bha e follaiseach do Chloinn 'ic an Tòisich gun robh am biadh aca a' fàs gann, agus gu feumadh iad teicheadh. Thàinig fear dhiubh air adhart. Dh'iarr e air a cheann-chinnidh plana aige a chur an sàs a chuireadh às do na Cuimeanaich. Fhuair e cead.

Thog e ràth – tha mi an dùil, le logaichean. Tha an cunntas ag ainmeachadh ràth co-dhiù. Agus 's dòcha gun robh sin glic, seach a bhith a' falbh ann am fear de na bàtaichean – a bhiodh follaiseach do na Cuimeanaich. Rinn an duine seo fàsagan – no *bungs* – de dh'fhiodh. Thug e leis sreang, ròp agus tora, no *auger*, airson tuill a dhèanamh anns na dèileachan.

Dh'fhalbh e a-mach ann an dorchadas na h-oidhche. Ràinig e an dàm. Chan fhaca na Cuimeanaich e. Rinn e tuill anns na dèileachan. Chuir e fàsag anns gach toll, agus cheangail e sreangan is ròp ris na fàsagan. Tharraing e air an ròp agus thàinig na fàsagan uile a-mach aig an aon àm. Chaidh uisge tro na tuill le neart, agus sguabaich e an dàm air falbh. Bha tuil mhòr ann an uair sin.

Gu mì-fhortanach do na Cuimeanaich, cha robh luchd-faire aca, agus bha iad a' campachadh dìreach fon dàm. Chaidh tòrr dhiubh a mharbhadh anns an tuil. Feumaidh

nach robh gaisgeach na Maighe luath gu leòr ann a bhith a' pleadhagaich an ràtha aige air falbh. Chaidh a bhàthadh anns an tuil, no chaidh a mharbhadh le Cuimeanaich.

A bheil fìrinn sam bith anns an stòiridh? Dh'fhaodadh gu bheil. Ann an ochd ceud deug, ochdad 's a ceithir (1884), chaidh tòrr chlachan, measgaichte le crèadh, a lorg far a bheil an t-allt a' fàgail an locha. Bhathar a' smaoinichadh gum b' e sin pàirt dhen dàm a chaidh a thogail còrr is ceithir cheud bliadhna roimhe.

* * * * *

Faclan na Litreach: Nua-chunntas Staitistigeach na h-Alba: *The New Statistical Account of Scotland*; Allt Fionntaig: *Funtack Burn*; dàm: *dam*; ràth: *raft*; logaichean: *logs*; fàsag: *bung (partic. for boat)*; tora: *auger*; dèileachan: *planks*; tuil: *flood*; a' pleadhagaich: *paddling (using a paddle)*.

Abairtean na Litreach: Bha linn ann, agus na Cuimeanaich agus Clann 'ic an Tòisich nan dearg nàimhdean do chèile: *there was a time when the Cummings and the Mackintoshes were dire enemies of each other*; chuir na Cuimeanaich armailt ri chèile: *the Cummings put a military force together*; anns a' chòigeamh linn deug: *in the fifteenth century*; cha robh sgeul air Mac an Tòisich no a luchd-leantainn: *there was no sign of [the] Mackintosh or his followers*; bha ceithir cheud duine cruinn còmhla: *there were four hundred people gathered together*; dh'fhaodadh iad feitheamh gus nach biodh biadh air fhàgail: *they could wait until there was no food left*; làn bhreac is bhreac-dearga: *full of trout and Arctic charr*; dh'fheumadh an nàimhdean teicheadh airson am beatha: *their enemies would have to flee for their lives*; dh'iarr e air a cheann-chinnidh plana aige a chur an sàs: *he asked his clan chief to put his plan into motion*; a chuireadh às do na Cuimeanaich: *that would destroy the Cummings*; shruth uisge tro na tuill le neart: *water flowed through the holes with force*; sguabaich e an dàm air falbh: *it swept the dam away*; cha robh luchd-faire aca: *they had no watchmen*; bha iad a' campachadh dìreach fon dàm: *they were camped just below the dam*; chaidh a bhàthadh anns an tuil: *he was drowned in the flood*; a bheil fìrinn sam bith anns an stòiridh?: *is there any truth in the story?* dh'fhaodadh gu bheil: *perhaps there is*; measgaichte le crèadh: *mixed with clay*; bhathar a' smaoinichadh gum b' e sin pàirt dhen dàm: *it was thought that that was part of the dam*.

Puing-chànain na Litreach: gu ruige A' Mhuigh: *to Moy. Until now, I have followed 'standard' texts in terms of the Gaelic for Moy, but I have been alerted to accurate local usage by the Gaelic scholar Dr. Seumas Grann, who has family connections to Moy. He knew the last native Gaelic speakers of the area, the Dunbars of Invereen, and they said A' Mhuigh for Moy and Loch na Maighe for Loch Moy. I'm always happy to be corrected. If you hear or read anything you think is wrong or questionable in a Litir, please contact me on rodny.maclean@bbc.co.uk.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: Chuir na Cuimeanaich romhpa dìoghaltas fhaighinn: *the Cummings decided to get revenge.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinichadh le MG ALBA